

Tuairisgeul Obrach

Dreuchd:	Manaidsear Foghlaim (Fòrladh Màthaireil)
Fo stiùir:	Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig
Stèidhichte:	Sùbailte
Cùmhnant:	9 mìosan aig a' char as lugha
Tuarastal:	B3 (Tuarastal £39,132 – £47,065)
Uairean:	Làn-thìde (37 uairean san t-seachdain)

Co-theacsa

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas a' Bhùird, gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh fad is farsaing mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith a' dealbh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin, bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean eile agus le bhith a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteach, agus coimhearsnachdan. Sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 's e ionnsachadh aon de na trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha na cothroman is dùbhlain a th' ann a thaobh a bhith a' toirt fàs air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig air am mìneachadh gu soilleir sa Phlana.

Tha dleastanasan foghlaim reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Adhbhar na h-Obrach

Mar mhanaidsear aig àrd-ìre, bidh tuigse mhath agaibh air cùisean poilitigeach, foghlaim, sòisealta agus deamografach a tha a' toirt buaidh air obair Bhòrd na Gàidhlig agus ar buidhnean com-pàirteach, agus bidh e comasach dhuibh obrachadh gu h-èifeachdach còmhla ri prìomh oifigearan poileasaidh is obrach aig na buidhnean le ùidh no com-pàirt san obair againn.

Bidh sibh ag obair gu dlùth còmhla ri Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid dleastanasan reachdail, àrd-amas agus ro-innleachdan a' Bhùird a choileanadh agus bheir sibh taic do Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid na Prìomhachasan Ionnsachaidh ann am Planaichean Corporra is Gnìomh Bhòrd na Gàidhlig a thoirt gu buil.

Prìomh Dhleastanasan

1. A' toirt comhairle don Bhòrd Stiùiridh, don Cheannard agus luchd-obrach eile, a' gabhail a-steach nan nithean a leanas: pàipearan fiosrachaidh, Bùird is Comataidh, freagairtean do cho-chomhairleachaidhean, iarrtasan fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus cùisean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig (0-18) agus ionnsachadh do dh'inbhich.
2. A' toirt taic is stiùireadh do sgioba an fhoghlaim gus an urrainn dhaibh obrachadh gu h-èifeachdach ann a bhith a' coileanadh nan dleastanasan aca.
3. A' riochdachadh Bhòrd na Gàidhlig sna meadhanan, ann am fòraman poblach agus aig coinneamhan ro-innleachdail.
4. Ann an co-bhuinn ris an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd, bidh sibh ag ullachadh bhuidseatan airson Ionnsachaidh (a' gabhail a-steach maoineachadh airson nan Tràth-bhliadhnaichean, Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg agus CPD), a' stiùireadh mar a thèid an cosg agus a' dèanamh cinnteach gun tèid deagh rian a chumail air leithid a mhaoinachadh.

Prìomh Chinn-uidhe is Uallaichean

1. A' cuideachadh le bhith a' dealbh agus a' coileanadh Planaichean Corporra is Gnìomh a' Bhùird agus a' dèanamh cinnteach gun tèid na prìomhachasan is gnìomhan co-cheangailte ri Ionnsachadh a thoirt gu buil gu h-èifeachdach agus gun tèid sùil a chumail air mar a thèid an coileanadh.
 2. Ag ullachadh phoileasaidhean ionnsachaidh, le stiùireadh bho Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig a thaobh sin, a bheir taic do mar a thèid Plana Corporra a' Bhùird a chur an gnìomh.
 3. Bidh sibh nur manaidsear os cionn sgioba an fhoghlaim, agus am measg ur dleastanasan san dreuchd sin bidh sibh a' toirt stiùireadh do na h-Oifigearan Leasachaidh, agus sibh a' cumail sùil air na h-ìrean-coileanaidh aca nan obair, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair aca a' cuideachadh le bhith a' coileanadh cinn-uidhe na buidhne.
 4. A' cuideachadh le bhith a' sgrùdadh coileanadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig as ùire agus le bhith a' dealbh plana ùr, agus sibh a' dèanamh cinnteach gu bheil na pàirtean den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a bhuineas ri foghlam freagarrach, agus gu bheil iad a' gabhail ealla ris na prìomhachasan a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd.
-

-
5. A' toirt taic do mar a thèid Planaichean Gàidhlig ullachadh agus do mar a nithear sgrùdadh air coileanadh nam Planaichean sin a thaobh chùisean Ionnsachaidh.
 6. Ag obair còmhla ri luchd-compàirt is luchd-ùidhe gus taic a thoirt do cho-obrachadh èifeachdach.
 7. Bidh sibh a' riochdachadh Bhòrd na Gàidhlig ann am fòraman foghlaim agus sna meadhanan, agus sibh a' dèanamh an fheum as motha as urrainn dhuibh de chothroman conaltraidh taobh a-muigh is taobh a-staigh na buidhne.
 8. A' dèanamh ath-sgrùdadh gu cunbhalach air slatan-tomhais nan sgeamaichean maoinachaidh feuch a bheil iad fhathast freagarrach agus airson dèanamh cinnteach gu bheil na slatan-tomhais a' toirt taic iomchaidh do mar a thèid Plana Corporra a' Bhùird a choileanadh.
 9. A' conaltradh ri Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean eile a tha an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gus taic a chumail ri bhith a' toirt leasachadh is leudachadh air na raointean foghlaim sin.
 10. A' dèanamh cinnteach gun tèid na pròiseactan foghlaim a chuireas sgioba an fhoghlaim air adhart a thoirt gu buil, agus mar phàirt de sin nithear cinnteach gun tèid cumail ri pròiseasan ionmhasail.
 11. A' dèanamh cinnteach gu bheil ro-innleachdan foghlaim a' Bhùird a' freagairt air riatanasan is stiùiridhean foghlaim nàiseanta.
 12. A' dèanamh cinnteach gu bheil Bòrd na Gàidhlig ag obair gu gnìomhach is ann an com-pàirt còmhla ri diofar phrìomh luchd-compàirt ann an raon foghlaim na Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachasan buadmhor aig Bòrd na Gàidhlig agus gu bheil e a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean a nithear a thaobh foghlaim aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Dleastanasan Sònraichte

Tha an tuairisgeul obrach seo a' toirt seachad dealbh fharsaing den dreuchd aig an àm a chaidh ullachadh. Chan e liosta iomlan a th' ann le iomradh air gach seòrsa dleastanas a dh'fhaodadh a bhith ann, agus thathar a' gabhail ris gum faodadh obraichean atharrachadh thairis air ùine. Mar sin, chan e sgrìobhainn chùmhnahtail a tha seo agus bidh aig an neach san dreuchd seo ri dleastanas sam bith eile a choileanadh, gu ìre fhreagarraich, a dh'fheumas iad gus adhbhar na h-obrach seo a choileanadh.

Comasan, Eòlas is Teisteanasan

- Feumaidh ceum no co-dhiù trì bliadhna de dh'eòlas ann an raon an fhoghlaim a bhith aig tagraichean
 - Feumaidh teisteanas Disclosure Scotland, a chaidh a thoirt dhaibh o chionn 12 mìos, a bhith aig tagraichean airson na dreuchd seo, no feumaidh e a bhith comasach dhaibh Teisteanas DS fhaotainn
-

- Feumaidh eòlas pearsanta nach beag a bhith aig tagraichean air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig, le eòlas is tuigse air stiùireadh is ceannas ann an roinn foghlaim ann an Alba.

Sgilean	Cho riatanach 's a tha iad
Bidh tuigse mhath agaibh air an àite a th' aig Bòrd na Gàidhlig ann an raon an ionnsachaidh is an fhoghlaim, agus ann an roinn phoblach na h-Alba san fharsaingeachd.	Riatanach
Comasach dhuibh ìrean coileanaidh àrda a stèidheachadh dhuibh fhèin agus do chàch, agus sibh gan stiùireadh, gam brosnachadh agus a' toirt chothroman leasachaidh dhaibh, feuch an coilean iad an obair aca gu ìre mhath agus gun coilean iad amasan is dleastanasan reachdail Bhòrd na Gàidhlig.	Riatanach
Fileanta ann an Gàidhlig is Beurla, gam bruidhinn agus gan sgrìobhadh.	Riatanach
Comasach dhuibh a bhith a' cur deagh mhodhan-riaghlaidh an sàs nur n-obair agus a bhith a' stiùireadh phròiseactan (me, clàran-ama, ionmhas, is goireasan eile) gus am bi iad air an lìbhrigeadh a rèir a' chlàir-ama is a' bhuidseit.	Riatanach
Comasach dhuibh fiosrachadh toinnte agus/no connspaideach a chur an cèill gu soilleir agus le misneachd ann an suidheachaidhean nàiseanta, ionadail agus aig ìre phearsanta.	Riatanach
Eòlas agaibh air a bhith a' planadh is a' toirt phrògraman-obrach gu buil far am feumar co-chonaltradh a dhèanamh ri grunn bhuidhnean is dhaoine le ùidh no com-pàirt sa phrògram.	Riatanach
Deagh sgilean agaibh a thaobh a bhith ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus dèanamh cinnteach gun tèid pròiseactan is builean a choileanadh.	Riatanach
Eòlas agaibh air a bhith a' brosnachadh deagh mhodhan-obrach air feadh raon foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig.	Riatanach
Eòlas agaibh air a bhith a' toirt comhairle is stiùireadh do bhuidhnean air gach cùis co-cheangailte ri ionnsachadh, a' gabhail a-steach buidhnean ionadail agus nàiseanta.	Riatanach
Eòlas agaibh air a bhith nur manaidsear os cionn dhaoine.	Na bhuannachd
Ag obair leis na meadhanan gus teachdaireachdan matha a thoirt seachad agus fios mu ar poileasaidhean is obair a sgaoileadh.	Na bhuannachd

Ball de Chomhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS) no tha e comasach dhuibh ballrachd a thoirt a-mach san GTCS.	Na bhuannachd
---	---------------

Fiosrachadh a Bharrachd

Fo ur stiùir:	Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig Manaidsear-sreatha airson an Oifigeir Leasachaidh (Tidsearan) agus Oifigear Leasachaidh (Foghlam)
Ìre pàighidh is Tuarastal:	Nuair a thòisicheas neach ann an dreuchd, mar as trice tòisichidh iad aig a' chiad ìre pàighidh, agus bidh cothrom aig daoine ann an dreuchdan stèidhichte air àrdachadh pàighidh gach bliadhna, a rèir poileasaidhean Bhòrd na Gàidhlig.
Buannachdan:	Bidh gach neach-obrach le cùmhnant stèidhichte, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, leis an fhastaiche a' cur sùim luach 19% ris, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail. http://www.highlandpensionfund.org
Àite-obrach:	Tha a h-uile duine an-dràsta ag obair bhon taigh. Faodar bruidhinn air càit am bi an dreuchd seo stèidhichte.
Siubhal	Mar phàirt den dreuchd seo, gu h-àbhaisteach, bhiodh agaibh ri deagh chuid siubhal a dhèanamh ann an Alba.
Eile	Beachdaichidh Bòrd na Gàidhlig air iarrtasan far a bheil an tagraiche ag iarraidh an dreuchd a ghabhail os làimh mar dhreuchd eile rè ùine.